

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



\*Please scroll down for English Version\*

# TOBAR AN DUALCHAIS AIR ÀRD-ÙRLAR AIG CELTIC CONNECTIONS

20 Am Faoilteach 2009

Airson a' chiad uair, bidh Tobar an Dualchais a' cur feadhainn de na puitr 's na fuinn Ghàidhlig is Albannach as fheàrr bhon phròiseact shònraichte beul-aithris seo mu choinneamh an luchd-èisteachd aig fèis Celtic Connections na bliadhna-sa ann an Glaschu. Bidh seinneadairean a tha ainmeil anns gach ceàrn, leithid Sheena Wellington, Steve Byrne agus Maighread Stiùbhart, a' seinn aig a' chuirm, cuide ri luchd-ciùil ealanta eile a tha ag obair airson a' phròiseict. Bidh a' chuirm-ciùil ann an seann eaglais Naoimh Anndrais 'sa Cheàrnag oidhche Chiadain an 28mh den Fhaoillean aig ochd uairean: cluinnear òrain a bha bitheanta am beòil nan daoine sin a ghleidh dìleab ar dualchas, leithid Jeannie Robertson, Anna Niclain agus Uilleam MacMhathain, còmhla ri feadhainn a chaidh cha mhòr air dhì-chuimhne.

Thuirt Stiùiriche An Tobair, Mairead Dhòmhnnallach: "Tha sinn air leth fortanach gu bheil luchd-ciùil cho ealanta ag obair againn, agus cothrom taghadh a leithid de phailteas ciùil. Aig a' chuirm gheibh daoine blasad den bheairteas phort is òran a bhios ri fhaotainn air an làraich-lìn: bidh iad eòlach air feadhainn, is bidh pàirt dhe ùr dhaibh. Tha sinn a' coimhead air adhart gu mòr ri bhith air an àrd-ùrlar aig Celtic Connections, agus tha sinn cinnteach gum bi oidhche sgoinneil ann."

Tha daoine eòlach air Sheena Wellington mar thè de na seinneadairean traidiseanta is fheàrr ann an Alba, agus tha cliù aig Steve Byrne on a chuir e fhèin is caraidean an còmhlan ath-nuadhasach mith-òran Malinky air chois. Tha Maighread Stiùbhart, à Leòdhas, ainmeil mar thè de na seinneadairean Gàidhlig is fheàrr a th' againn, agus chaidh a taghadh mar Sheinneadar Ghàidhlig na Bliadhna aig Duaisean Ceòl Traidiseanta na h-Alba 2008. Bidh Iain Dòmhnnallach, a teaghachain Ghlinn Ùige, fear a tha ealamh air a' phìob-mhòr, duiseal no fideag, na stiùiriche-ciùil airson na h-oidhche agus cluichidh e fhèin cuideachd.

Gheibhear ticeadan bho Oifis Thiceid Celtic Connections (Fòn: 0141 353 8000) air neo air-loidhne aig [www.celticconnections.com](http://www.celticconnections.com)

Barrachd fiosrachaидh Chaidh pròiseact Tobar an Dualchais (Kist o Riches san Albais) a chur air chois gus 12,000 uair a thìde de chlàran-fuaim Gàidhlig is Albais a ghleidheadh ann an cruth didseatach, a catalogadh agus a sgaoileadh air-loidhne. Tha farsaingeachd mhòr anns

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



na clàran-fuaim, le beul-aithris, òrain, ceòl, eachdraidh, bàrdachd agus sgeulachdan nam measg. Bha na clàran air an cruinneachadh bho air feadh na h-Alba bho na 1930an a-mach.

Tha na clàran-fuaim a' tighinn bho Sgoil Eòlais na h-Alba (Oilthigh Dhùn Èideann), BBC Alba agus bho Chruinneachadh Chanaigh aig Urras Nàiseanta na h-Alba.

Fo sgèith a' phròiseict, thèid dualchas beairteach na h-Alba a dhìon agus fhoillseachadh airson feumalachdan foghlaim agus pearsanta nan ginealach ri teachd. Airson barrachd fiosrachaiddh agus gus eisimpleirean a chluinntinn, rachaibh gu: [www.tobarandualchais.co.uk](http://www.tobarandualchais.co.uk) Cuiribh fòn gu Elsie Niclleathain air 01463 795300 no post-d thuice aig [sm00en@uhi.ac.uk](mailto:sm00en@uhi.ac.uk)

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



## TOBAR AN DUALCHAS TO PERFORM AT CELTIC CONNECTIONS

**20 January 2009**

Tobar an Dualchais, which aims to put 12,000 hours of oral archives online will, for the first time, showcase some of the best of Scots and Gaelic songs and tunes from this unique oral heritage project at this year's Celtic Connections festival in Glasgow. Internationally-renowned artists Sheena Wellington, Steve Byrne and Margaret Stewart will perform at the event, along with other accomplished musicians who work for the project.

The concert, to be held at St Andrew's in the Square, Glasgow at 8pm on Wednesday 28th January will feature songs previously performed by tradition-bearers such as Jeannie Robertson, Annie Johnston and Willie Mathieson and also some re-discovered gems.

Mairead MacDonald, director of Tobar an Dualchais said:"We are very fortunate to have such talented musicians working with us and excellent material to choose from. The concert will give people a taster of the wealth of songs and tunes which will be available on the website, some of which are well-known and others less familiar. We are very much looking forward to performing at Celtic Connections and expect it to be an excellent evening."

Sheena Wellington is one of Scotland's leading traditional singers and Steve Byrne is best known as a founder member of innovative Scots folksong group Malinky. Lewis-born Margaret Stewart has a long established reputation as one of the finest Gaelic singers and was recently voted Gaelic Singer of the Year at the 2008 Scots Trad Music Awards. Iain MacDonald, the piper, flute player and whistle player from the renowned Glenuig family is the musical director for the evening and will also perform as a special guest.


Tickets are available from the Celtic Connections Box Office (Tel: 0141 353 8000) or online at [www.celticconnections.com](http://www.celticconnections.com) ENDS

Background note:Tobar an Dualchais is a unique archival project which is digitising, cataloguing and making 12,000 hours of Gaelic and Scots sound recordings available on a website. The recordings come from three major collections: the School of Scottish Studies (University of Edinburgh), BBC Scotland and the National Trust for Scotland's Canna Collection. These collections contain a vast heritage of folklore, songs, stories, traditions, music and poetry and the website will ensure that it is preserved as a unique record of Scotland's cultural and linguistic heritage.

More detailed information about the project is available at [www.tobaran dualchais.co.uk](http://www.tobaran dualchais.co.uk)

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Notes to editors: The following photographs are available:-  
1. Sheena Wellington  
2. Steve Byrne  
3. Margaret Stewart  
Further information from Elsie Maclean Tel: 01463 795300